

Cumha



Thaing sgeula mo chruadail,
Gun do chuir iad san uaigh thu,
'S goirt mo chridhe on chuala,
Ged nach d'fhuasgail mo dheòir.

Tha do leaba lom, fuaraidh,
'S trom do chadal 's ro bhuan e,
Chaidh chan éist thu ri m' luaidh-sa,
'S cha ghluais thu ri m' cheòl.

Bha do ghluasad gun eucoir,
Gun uireasbhaidh céille,
Leam bu taitneach 'bhith 'g éisteachd,
Ri séiste do bheòil.

Tha do bheul a-nis dùinte,
Chan eil léirsinn 'ad shùilean,
'S fuar an cridhe 'bha mùirneach,
Anns an ùir 's e gun deò.

Bhon bhuannaich am bàs thu,
Seach na dillsean 'tha làthair,
Cinnidh feanntag sa ghàrradh,
Nuair 'thig fàilinn san ròs.

Siud an ròs a bha cùbhraidh,
Air geug nan dos ùrail,
B' òg sa mhadainn e 'brùchdadh,
Sheac is shùigh e tràth-nòin.

Chuir thu mise gu smaointean,
Nach innis mi 'dhaoine,
'S mairg chuir ùidh anns an t-saoghal,
'S iomadh caochladh 'teachd oirn.

Ged tha càirdean gu deurach,
'S faoin an cumha leam fhéin e,
Théid gu cuirm is cùirt éibhneis,
Giùlan éideadh a bhròin.

Ged tha m' éideadh gun mhùthadh,
'S mi gun deur air mo shùilean,
Gus an cuir iad san ùir mi,
Bidh mi 'd ionndrainn ri m' bheò.

Chionn bu toigh leam an nighneag,
Bu ro thoigh leam an nighneag,
Mo sgeul dubhach 'ga innseadh,
Thu 'bhith 'd shìneadh fon fhòid.